



Dualchas Nàdair na h-Alba

Nàdar air fad airson Alba air fad

An Dearc-Luachrach Mòr ann an Alba

Tha an dearc-luachrach mòr ri fhaighinn tro Breatainn ach tha iad nas pailt ann a Sasainn agus anns a Chuimrigh na tha iad ann an Alba. Tha an àrainn agus na lochan a bhitheas iad a' cleachdadh a' dol a bith agus tha na h-àireamhan aca a' dol sìos.

Tha sia seòrsaichean de muir-thìrich ann an Alba agus ged a tha feadhainn de mhuir-thìrich pailt, tha an àireamh de aig an dearc-luachrach mòr air crìonadh gu mòr thairis air an 60 bliadhna a chaidh. Air sailleadh seo, tha an dearc-luachrach mòr air a dhìon fon Achd Fiadh-Bheatha agus Dùthcha 1981, an Achd Glèidhteachas 1994 agus an Achd Glèidhteachas Nàdar 2004.

Ciamar a 's urrainn dhut dearc-luachrach mòr aithneachadh

Tha an dearc-luachrach mòr gu math furasda aithneachadh bho dearc-luachrach eile. 'S urrainn dhan an dearc-luachrach mòr fàs gu 16cm, an dearc-luachrach is motha a th'againn. Tha an craiceann aca dorcha, uaireannan dubh agus làn builgean le spotan geal. Gu h-ìosal, tha am brù aca orainds neo buidhe le spotan dubh a tha ag innse do creachadairean sam bith gu bheil iad puinnseanta.

Anns an Earrach bi an dearc-luachrach fireann a' fàs cirean àrd, tonnach air a dhruim agus fear eile air na earbalan aca. Tha na earbalan leathann le stràc liath/glas air gach taobh an t-earball. Tha na earbalan aig an dearc-luachrach boireann buidhe/orainds air bonn an t-earball.



Dearc- luachrach Mòr Fireann
Dealbh le SNH

Beatha an Dearc-Luachrach Mòr

Tha beatha an dearc-luachrach mòr a' tachairt ann an dà ìre. As dèidh dhaibh a bhith air am breith mar larbha anns an uisge bi iad a' fuireach an coir den bheatha air tìr. Aig deireadh a' Gheamhradh, bi na inbhich a' dol air ais dhan uisge airson na h-uighean aca a chuir. Bi an craiceann agus na earbalan aca a' fàs tana airson fuireach anns an uisge. 'Se beathach oidhcheach a th'anns an dearc-luachrach mòr. Tron an latha bi iad a' fuireach fo clachan agus fiodh. Anns am Foghar bi iad a' cadal-a'-gheamhraidh.

Bi na dearcan-luachrach a' danns' airson cach a chèile a tharraing. Bi an dearc-luachrach fireann a' ruith as dèidh an dearc-luachrach boireann agus a' fàgail an sìol-gineadh aige airson an dearc-luachrach boireann a thogail. Thèid an h-uighean an uairsin fhàgail aig oir locha air duilleagan fon uisge leis an dearc-luachrach mòr boireann. Tha na h-uighean aig an dearc-luachrach mòr gu math beag, mu 0.5cm tarsainn le spot buidhe, geal na mheadhain. 'S urrainn na h-uighean a bhith air a chuir eadar an Gearran agus an Lùnasdal ach mar is trice 's ann eadar a' Mhàirt agus an Iuchar an t-àm nuair a thèid a mhòr chuid de na h-uighean a chuir.



Uighean an dearc-luachrach fon duilleag
Dealbh le David O'Brien

Bheir e mu ceithir seachdainean airson na h-uighean a' bhreith nan òg-losgann. Nuair a' breitheas nan òg-losgann, tha an craiceann aca soilleir le giùran air an taobh a-muigh agus chan eil iad ach mu 8mm a dh'fhaid. As dèidh dha neo trì mìosan bi iad a' call na giùran, bi an craiceann aca a' fàs nas dorcha agus tha na casan-toisich an uairsin a' fàs. As dèidh seo, tha an dearc-luachrach beaga a-nis mòr gu leòr, eadar 4-8cm a dh'fhaid, airson an t-uisge fhàgail. Uaireannan, bi fheadhainn a' fuireach na òg-losgann fad a' Gheamhradh agus a' fàs na dearc-luachrach beaga anns an Earrach.

As dèidh bliadhna, bi an dearc-luachrach beaga ùra a' fuireach air falbh bho an t-uisge anns an d' rugadh iad gus am bi iad nan inbhich ach an uairsin bi iad a' tilleadh airson na h-uighean aca a chuir. Bi na dearcan-luachrach inbhich a' fàgail na lochan eadar an luchar agus an t-Sultain. Cha tèid iad ro fhada air falbh bho na lochan mar a bhitheas na dearcan-luachrach beaga a' dèanamh.

Nuair a thuiteas an teas anns an Dàmhair neo an t-Samhain, bi na dearcan-luachrach mòra a' cadal-a'-gheamhraidh air tìr ann am buidhnean. Bi iad a' fuireach ann an àiteachan fliuch far a bheil fàsadh aca bho reothadh, uaireannan fon talamh gus an tig an Earrach.



Brù an dearc-luachrach mòr
Dealbh le David O'Brien

Biadh na dearcan-luachrach mòra

Bi na dearcan-luachrach mòra ag ithe air tìr agus anns an t-uisge, ag ithe biastagan beaga uisgeach mar deargann-uisge agus boiteagan. Bi iad cuideachd ag ithe òg-losgann aig losgann, losgann dubh agus dearc-luachrach eile.

Airson biadh fhaighinn agus àite sàbhailte airson uighean a chuir tha feum aig an dearc-luachrach air uisge ach air sailleadh gu bheil atharraichean air a bhith ann air an dòigh a bhitheas daoine a' cleachdadh an talamh agus a mhòr chuid den ùine chan eil fhios aig daoine càite a bheil iad.

Càite a bheil iad

Tha a mhòr chuid den dearc-luachrach mòr ann an Alba ri fhaighinn ann an Dun Phris is Gall-Ghaidhealaibh, Fìobha, Peairt is Ceann Rois agus pàirtean den Ghàidhealtachd. Anns a' Ghàidhealtachd tha suas ri 9 àiteachan aithnichte far a bheil an dearc-luachrach mòr ri fhaighinn.

Tha an dearc-luachrach mòr fo dhìon ach chan eil fios aig duine le cinnt càite a bheil iad, a bheil barrachd ann agus gu bheil e mi-laghail a dhol faisg air na lochan a bhitheas iad a' cleachdadh. Mu chù duine sam bith dearc-luachrach mòr, chan eil math dhaibh a dhol an còrr ach fios a chuir gu John McKinnell aig Dualchas Nàdair na h-Alba mu cuin is càite a chunnaic iad an dearc-luachrach mòr air 01387 247 010.